

TUAIRISGEUL OBRACH

DREUCHD	Neach-fàilteachaidh
ROINN	Roinn na h-Aoigheachd
FO STIÙIR	Am Manaidsear Aoigheachd
ÌRE TUARASTAIL	£25,093 - £26,890
ÀITE-OBACH	Sabhal Mor Ostaig
CÙMHNANT	Làn-thìde (beachdaichear air iarrtasan airson uairean obrach sùbailte)

Adhbhar na Dreuchd

Bheir an Neach-fàilteachaidh seirbheis fàilteachaidh phroifeiseanta, èifeachdach agus chàirdeil seachad do luchd-obrach, oileanaich, aoighean agus luchd-tadhail sa Cholaiste. Bidh an neach-dreuchd a' coileanadh dhleastanasan cudromach gus cuideachadh le seirbheisean rianachd agus seirbheisean luchd-cleachdaidh ann an Roinn na h-Aoigheachd, agus bidh iad cuideachd a' cur air adhart agus a' cur taic ri àrainneachd Ghàidhlig Sabhal Mòr Ostaig agus iad a' cleachdadh Gàidhlig gach latha.

'S e a tha a dhìth airson na dreuchd seo: sàr sgilean conaltraidh, deagh chomasan eagrachaidh, agus dealas làidir airson a bhith a' toirt shàr sheirbheisean seachad.

Prìomh Dhleastanasan

- A' freagairt prìomh loidhne-fòn na Colaiste agus a' cur daoine air adhart gu neach-obrach no roinn fhreagarrach.
- A' dèiligeadh ri iarrtasan is ceistean gach latha bho luchd-obrach, oileanaich agus luchd-tadhail ann an dòigh phroifeiseanta agus chuideachail.
- A' gleidheadh sheòmrachan airson choinneamhan agus àiteachan-fuirich do dhaoine.
- Ag ullachadh litrichean, theachdaireachdan, sgrìobhainnean agus fiosrachadh eile nuair a thèid iarraidh ort sin a dhèanamh.
- A' cumail chlàran ceart, leithid chlàran airson airgid, fàirdealan agus dàta airson luchd-tadhail no aoighean, agus a' dèanamh cinnteach gun tèid fiosrachadh a chumail gu tèarainte agus gu h-èifeachdach.
- A' stiùireadh obair na bùtha aig an ionad-fàilte, a' gabhail a-steach a bhith a' cumail rian air ìrean bathair, ag òrdachadh stuth, a' reic rudan agus a' dèiligeadh ri òrdain nuair a thig iad.

- A’ coileanadh dhleastanasan rianachd is clèireachd coitcheann a dh’iarras am Manaidsear Aoigheachd agus an t-Oifigear Aoigheachd is Thachartasan ort a choileanadh.
- A’ dèanamh cinnteach gun tèid airgead, iuchraichean agus fiosrachadh dìomhair a làimhseachadh agus a stòradh gu sàbhailte.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionad-fàilte glan, sgiobalta agus na àite càirdeil, fàilteachail.
- A’ dèanamh obair rianachd airson na roinne, leithid a’ cumail chlàran de sheòmraichean a tha air an gleidheadh agus a’ dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh mu oileanaich is luchd-tadhail ceart agus air ùrachadh nuair a bu chòir.
- Ag ullachadh fiosrachadh is bhrathan-conaltraidh ann an Gàidhlig bho Roinn na h-Aoigheachd do dh’oileanaich, agus an lùib sin bidh thu a’ cuideachadh le bhith ag ullachadh leabhran nan oileanach agus stuthan fiosrachaidh bliadhnail.
- A’ cuideachadh le bhith a’ toirt leasachadh leantainneach air siostaman rianachd Roinn na h-Aoigheachd, a’ gabhail a-steach siostaman-gleidhidh air-loidhne, agus a’ cuideachadh le bhith a’ dèanamh mion-sgrùdadh air dàta leithid dàta mu sheòmraichean agus na th’ ann de làithean a tha daoine a’ fuireach annta.
- A’ cuideachadh le bhith a’ cur air dòigh agus a’ dèanamh sanasachd air tachartasan oileanach agus thu ag obair le Comann nan Oileanach agus Seirbheisean Oileanach.
- Ag òrdachadh èideadh luchd-obrach, stuthan glanaidh, àirneis agus nithean eile dhan roinn tro PECOS, agus a’ dèanamh cinnteach gun cumar ri modhan-solarachaidh.
- A’ dèanamh aithris dhan Sgioba Chàraidh air nithean a tha feumach air an càradh, uireasbhaidhean, cunnartan, milleadh, goid, nithean a chaidh a bhristeadh agus nithean a chaidh a chall no a lorg.
- A’ cumail ri poileasaidhean is modhan-obrach na Colaiste, leithid riatanasan Slàinte is Sàbhailteachd.
- A’ cuideachadh le òrdain airson na bùtha agus a’ bhàr agus le prìsean airson an son, agus dèanamh cinnteach gun dèanar prothaid iomchaidh.

Comasan an Neach-obrach

Riatanach

Teisteanasan / Eòlas

- Comasach air prògraman Microsoft a chleachdadh, agus dearbhadh air sin bho dhreuchdan no trèanadh a rinn thu roimhe.

Sgilean is Comasan

- Fileanta sa Ghàidhlig, agus e comasach dhut Gàidhlig a bhruidhinn agus a sgrìobhadh gu h-èifeachdach.
- Fianais air sàr sgilean conaltraidh is eadar-phearsanta, leithid a bhith comasach air dèiligeadh ri diofar sheòrsa luchd-cleachdaidh.

- 'S urrainn dhut dèiligeadh ri grunn ghnìomhan obrach aig an aon àm agus 's urrainn dhut cinn-ama a choileanadh.
- 'S urrainn dhut a bhith ag obair gu h-èifeachdach air do cheann fhèin agus mar phàirt de sgioba.
- Tha sàr sgilean eagrachaidh agus rianachd agad, a' gabhail a-steach a' chomais gus fiosrachadh a làimhseachadh gu ceart agus gu h-èifeachdach.

Eòlas a bhiodh na bhuannachd

- Eòlas air obair reic no obair bùtha.
- Eòlas air a bhith a' cleachdadh stòran-dàta agus/no bathar-bog foillseachaidh leithid MS Publisher.
- Eòlas air a bhith a' cumail chlàran ionmhasail no leabhraichean-cunntais.

Feartan Pearsanta

- Deònach sgilean proifeiseanta ionnsachadh is a leasachadh ma bhios sin a dhìth.
- 'S urrainn dhut a bhith nad dheagh riochdaire dha Sabhal Mòr Ostaig am measg luchd-ùidhe, buidhnean bhon taobh a-muigh agus luchd-tadhail.
- Dealas airson a bhith a' cur taic ri agus a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig.

Fiosrachadh eile

- San dreuchd seo nì thu **35 uairean a thìde san t-seachdain**, mar as trice le bhith ag obair làithean slàn airson còig latha a-mach à seachd.
- Dh'fhaodadh gum bi agad ri uairean a bharrachd a dhèanamh ma bhios daoine air làithean-saora no dheth tinn; gheibhear pàigheadh agus leth airson uairean a nì thu a tha a bharrachd air na 35 san t-seachdain.
- Gheibh thu **35 latha sa bhliadhna** mar fhòrladh bliadhnail, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach, agus bidh sin air obrachadh a-mach air stèidh pro-rata airson luchd-obrach pàirt-thìde. Bidh a' Cholaiste a' dùnadh airson cola-deug aig an Nollaig agus bidh agad ri làithean-saora a ghabhail an uair sin. Tha a' bhliadhna làithean-saora a' dol bho 1 Faoilleach gu 31 Dùbhlachd.
- Bidh luchd-obrach a' gabhail pàirt ann am measaidhean-obrach na Colaiste gach bliadhna agus thathar an dùil gun gabh iad cothroman trànaidh is leasachaidh freagarrach.
- Tha Sabhal Mòr Ostaig a' toirt taic do luchd-obrach gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh.
- Tha a' Cholaiste a' tabhainn sgeama pheinnseanan tro Scottish Widows.
- Gheibh luchd-obrach biadh nuair a tha an latha-obrach aca a' gabhail a-steach amannan bìdh.
- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am prìomh àite-obrach, ach bidh agad ri siubhal bho àm gu àm airson choinneamhan no tachartasan.

- Àite-obrach taiceil a tha mar phàirt de choimhearsnachd.
- Cothroman trànaidh is leasachaidh proifeiseanta.
- Dreuchd shònraichte ann an Colaiste air eilean eireachdail.

Fiosrachadh a Bharrachd

Mus tèid neach fhadadh, feumar sgrùdaidhean a dhèanamh tro Fhoillseachadh Alba agus feumar teistean freagarrach fhaighinn.

Airson bruidhinn mun dreuchd, cuir fios gu **Kirsteen McGonagall** aig
km.smo@uhi.ac.uk | ☎ 01471 888250

Bu chòir dhut iarrtas a chur a-steach ann am post-d gu: obair@smo.uhi.ac.uk